

## Clàr-innse

Taic Luchd-fulaing	1
Buidhnean taic aig àm Bàis	5
Buidhnean Fèin-chuideachail	6
Comhairle Laghail, Sochairean is Eile	8
Dìoladh	10

## Taic Luchd-fulaing

### Taic Luchd-fulaing Alba

'S e buidheann neo-eisimeileach, saor-thoileach a th'ann an Taic Luchd-fulaing Alba (VSS) a tha a' tairgsinn taic tòcail agus practaigeach, fiosrachadh agus cuideachadh do dhaoine air a bheil eucoir a' toirt buaidh. Tha VSS air an riochdachadh air feadh coimhearsnachdan na h-Alba gu lèir.

Cuidichidh VSS thu, co-dhiù a tha thu air an eucoir a thoirt gu aire nam poileas no nach eil.

Loighne-cuideachaidh Taic Luchd-fulaing Alba: 0845 60 39 213

(Làithean seachdain 8.30m gu 4.30f)

Loighne-taic Luchd-fulaing RA: 0845 30 30 900

(Làithean seachdain 9m gu 9f; deireadh-seachdain 9m gu 7f)

Làrach-lìn: [www.victimsupportscodemon.co.uk](http://www.victimsupportscodemon.co.uk)

PostD: [info@victimsupportscodemon.co.uk](mailto:info@victimsupportscodemon.co.uk)

## Seirbheis Fianais

'S e seirbheis cùirte a tha seo a th'air a ruidh gu saor-thoileach le VSS. Tha e toirt taic tòcail agus practaigeach do dh'fhianaisean a tha a' frithealadh cùirt, a' gabhail a-steach:

- cuairtean ro-làimh gu seòmar-cùirte
- fiosrachadh mu mhodhan cùirte (mar a ghiùlaineas tu thu fhèin), dòighean-obrach agus luchd-obrach
- taic mu choinneamh dragh a dh'fhaodadh frithealadh cùirt adhbharachadh
- rèiteachadh mu sheòmraichean feitheimh air leth ma tha draghan ann a thaobh a bhith faisg air daoine co-cheangailte ris an neach a tha fo chasaid
- comhairle air rudan practaigeach leithid parcadh chàraichean agus cosgaisean
- measadh feumalachdan as dèidh cùirt, a' gabhail a-steach fios a chur gu buidhnean eile ma tha sin a dhìth

## Oifis Fiosrachaidh agus Comhairle Luchd-fulaing (VIA)

Bheir VIA dhut:

- fiosrachadh mionaideach mu chùis-lagh
- fiosrachadh mu siostam a' cheartais eucorach san fharsaingeachd
- taic agus fios gu buidhnean saor-thoileach a dh'fhaodas do chuideachadh.

Tha VIA air a ruidh le Oifis a' Chrùin agus Seirbheis Neach-casaid a' Chrùin. Faodaidh Oifis ionadail Neach-casaid a' Chrùin agad do

stiùireadh chun an oifis VIA ionadail. Gheibh thu seòladh agus àireamh fòn Oifis Neach-casaid a' Chrùin ann an leabhar a' fòn.

### **Taic Albannach nam Ban**

Bheir Taic nam Ban fiosrachadh, taic agus àite sàbhailte dhut ma tha thu air dochann no eucoir feise fhulang bho chèile no fear a bha uair na chèile dhut. Tha poileasaidh 'Doras Fosgailte' Taic nam Ban a' ciallachadh gum faod thu a dhol gu ionadan-tearmann an àite sam bith am Breatainn mar nach biodh sibh sàbhailte san sgìre agaibh pèin, no mar nach eil àite anns an tearmann ionadail agaibh pèin. Faodaidh sibh pèin 's ar cuid chloinne fuireach ann an tearmann cho fad's a dh'fheumas sibh.

Cuir fios air a' bhuidheann ionadail le fòn no tadhail orra an uair a tha na h-oifisean fosgailte. Gheibh thu iad ann an leabhar a' fòn. Tha seirbheis air-ghairm aig a' mhòr-chuid de bhuidhnean airson cùisean èiginneach taobh a-muigh uairean oifis.

Loighne-cuideachaidh nàiseanta: [08457 023 468](tel:08457023468)

Làrach-lìn: [www.scottishwomensaid.co.uk](http://www.scottishwomensaid.co.uk)

### **Càs Èigneachaidh**

Tha ionadan Càs Èigneachaidh air feadh Alba a' tairgsinn fiosrachadh agus taic do neach sam bith a chaidh èigneachadh, air an deach ionnsaigh feise a thoirt no a tha air droch-dhiol feise fhulang. Tha an t-seirbheis seo dìomhair agus an asgaidh agus gheibh sibh an àireamh aca ann an leabhar a' fòn.

## **Na Samaritanaich**

'S e carthannas nàiseanta a th'anns na Samaritanaich a tha a' toirt taic dhìomhair do dhaoine sam bith ann an cruaidh chàs 24 uair gach là. Tha iad air aon àireamh fòn, saor, furast'-a-chuimhneachadh a thoirt a-mach, (faic gu h-ìosal), ged a dh'fhaodas tu fhathast fios a chur chun a' mheur ionadail ma thogras tu. Gheibh sibh an àireamh seo anns an leabhar fòn ionadail agaibh.

Loighne-cuideachaidh nàiseanta: [08457 909090](tel:08457909090)

PostD: [jo@samaritans.org](mailto:jo@samaritans.org)

Làrach-lìn: [www.samaritans.org.uk](http://www.samaritans.org.uk)

## **Buidhnean Creidmheach**

Faodaidh creideamh a bhith na chomfhartachd aig amannan duilich, agus 's dòcha gum biodh sibh airson taic is cobhair iarraidh air an eaglais ionadail agaibh pèin.

## Buidhnean taic aig àm Bàis

### Cùram Bàs Cruse

'S e buidheann carthannais saor-thoileach, neo-eisimeilach a th'ann an Cùram Bàs Cruse, a tha a' tairgsinn:

- fiosrachadh agus comhairle an asgaidh do neach sam bith air a bheil bàs air buaidh a thoirt
- comhairleachadh dìomhair pearsanta no ann am buidhnean
- foghlam, taic, fiosrachadh agus stuth leughaidh do neach sam bith a tha toirt taic do dhaoine a tha a' fulang ri linn bàs

Loghne-cuideachaidh: [0870 167 1677](tel:08701671677)

Làrach-lìn: [www.crusebereavementcare.org.uk](http://www.crusebereavementcare.org.uk)

PostD: [info@crusebereavementcare.org.uk](mailto:info@crusebereavementcare.org.uk)

### Pròiseact Bàs Leasbach & Gay

Tha am pròiseact seo a' tairgsinn seirbheis comhairleachaidh dhìomhair do leasbaich agus fir gay a tha a' fulang as dèidh bàs cèile, no neach sam bith a tha a' fulang ri linn bàs leasbach no duine gay.

Fòn: [0208 455 8894](tel:02084558894)

### Buidhnean Fèin-chuideachail

#### FOMC

FOMC (Teaghlaichean Clann air am Murt), buidheann fèin-chuideachail a tha a' tairgsinn taic do neach sam bith a tha air ball dhen teaglach aca a chall air sàilleibh murt. Le ceangalan gu ionadan comhairleachaidh

proifeiseanta agus ùghdarrasan slàinte ionadail, tha iad comasach air seirbheis choileanta a thairgsinn dha na buill aca.

Loighe-cuideachaidh: [01698 336646](tel:01698336646)

Làrach-lìn: [www.fomc.fslife.co.uk](http://www.fomc.fslife.co.uk)

## **PETAL**

PETAL (Daoine a' fulang Sgannradh agus Call), air a ruidh le daoine a tha air cuideigin faisg dhaibh a chall air sàilleibh murt. Tha e a' tairgsinn seirbheis dhìomhair an asgaidh do dhaoine a tha air ball dhen teaghlach no caraid a chall as dèidh murt.

Fòn: [01698 324502](tel:01698324502)

Làrach-lìn: [www.petal-support-group.org.uk](http://www.petal-support-group.org.uk)

## **RoadPeace**

RoadPeace, carthannas nàiseanta airson luchd-fulaing tubaist rathaid, a tha comasach air taic a thoirt do dhaoine a tha air cuideigin a chall no a chaidh a ghortachadh ann an tubaist rathaid.

Loighe taic: [0208 964 1021](tel:02089641021)

Fòn: [0208 838 5102](tel:02088385102)

Làrach-lìn: [www.roadpeace.org.uk](http://www.roadpeace.org.uk)

PostD: [info@roadpeace.org.uk](mailto:info@roadpeace.org.uk)

## **Na Caraidean Iochdmhor (TCF)**

Tha TCF air a ruidh le pàrantan agus teaghlaichean a tha air bàs fhulang. Tha e a' tairgsinn tuigse, taic agus brosnachadh do phàrantan as deidh bàs an cuid chloinne. Tha e cuideachd a' tairgsinn taic, comhairle agus fiosrachadh do chàirdean eile, caraidean agus luchd-proifeiseanta a tha a' cuideachadh phàrantan anns an t-suidheachadh seo.

Fòn: 0117 953 9639

Làrach-lìn: [www.tcf.org.uk](http://www.tcf.org.uk)

PostD: [info@tcf.org.uk](mailto:info@tcf.org.uk)

## **Comhairle Laghail, Sochairean is Eile**

### **Aonad nan Sochairean**

Tha Aonad nan Sochairean tuigseach do dh'fheumalachdan daoine a tha air bàs fhulang. Cuidichidh oifigearan sònraichte thu feuch a bheil thu airidh air sochairean sam bith, leithid Sochair Bàis, mar eiseimpleir. Faodaidh iad tadhal oirbh aig an taigh cuideachd.

Fòn: 0131 229 4311

Làrach-lìn: [www.dss.gov.uk](http://www.dss.gov.uk)

## **Biùro Comhairleachadh a' Phobaill (CAB)**

Tha Biùro Comhairleachaidh a' Phobaill a' tairgsinn comhairle agus taic air cùisean laghail, a tha an asgaidh, neo-eisimeil agus dìomhair. Tha còrr is 70 oifis CAB agus 190 ionad seirbheis CAB an Alba. 'S dòcha gun

stiùir an CAB thu gu neach-lagh ionadail no gu clionaigean laghail airson tuilleadh taic a thoirt dhuibh. Gheibh sibh an seòladh agus an àireamh fòn aig an oifis ionadail agaibh ann an leabhar a' fòn.

Làrach-lìn: [www.nacab.org.uk](http://www.nacab.org.uk)

### **Comann Lagh na h-Alba**

Buinidh a h-uile neach-lagh an Alba fhan bhuidheann phroifeiseanta seo. Bheir e dhuibh fiosrachadh mu luchd-lagh anns na sgìrean agaibh pèin.

Fòn: 0131 226 7411

Làrach-lìn: [www.lawscot.org.uk](http://www.lawscot.org.uk)

PostD: [lawscot@lawscot.org.uk](mailto:lawscot@lawscot.org.uk)

### **Suids-chlàr Leasbach & Gay**

Cuideachadh, fiosrachadh, comhairle agus taic.

Fòn: Obar Dheathain 01224 212600

Dùn Èideann 0131 556 4049

Glaschu 0141 331 8327

### **Comhairle Co-ionannachd Cinnidh (REC)**

Tha an REC anns a' choimhearsnachd agaibh a' brosnachadh co-ionannachd cinnidh. Tha iad a' tairgsinn fiosrachadh agus comhairle do dhaoine a tha dhen bheachd gu bheil iad air lethbhreith no sàrachadh cinneadail fhulang.

Lorg an REC ionadail agaibh le bhith a' fònadh gu Coimisean Co-ionannachd Cinnidh air: [0131 240 2600](tel:01312402600)

Làrach-lìn: [www.cre.gov.uk/about/recs.html](http://www.cre.gov.uk/about/recs.html)

## Dìoladh

### Ùghdarras Dìolaidh Leòntan Eucorach (CICA)

'S dòcha gun tèid agaibh air airgead dìolaidh fhaighinn bho CICA ma tha sibh:

- air eucoir fòirneartach fhulang, no
- nad eisimealach no càirdeach do neach a bhàsaich ri linn leòn eucorach no a chaidh a leòn air sàilleibh eucoir ach a bhàsaich bho adhbhar eile.

Faodaidh CICA airgead dìolaidh a phaigheadh airson:

- cosgaisean meidigeach co-cheangailte ri leòntan corparra no inntinn
- call tuarastal
- call taic do dh'eisimeilich luchd-fulaing a tha air bàsachadh
- cosgaisean tiodhlaigidh
- cosgaisean siubhail
- cosgaisean ath-chomais airson luchd-fulaing chiorramach
- pian agus fulang
- bàs
- call seirbheisean pàrantail

Faodar duaisean suas gu £500,000 a thoirt seachad.

## Dòighean-obrach

Faodaidh sibh bileagan tagraidh fhaighinn bho:

- stèiseanan poileis
- ospadailean
- sgeamaichean Taic ionadail airson Luchd-fulaing
- Seirbheis Luchd-fianais
- Biùro ionadail Comhairleachaidh a' Phobaill
- Ùghdarras Dìolaidh nan Leòntan Eucorach (CICA)

No faodaidh tu bileag fhaighinn no tagradh air-loighne a dhèanamh aig:

[www.cica.gov.uk](http://www.cica.gov.uk)

Bheir Taic Luchd-fulaing Alba cuideachadh dhuibh ann a bhith a' lìonadh na bileig.

Bu chòir na tagraidhean a chur gu:

Ùghdarras Dìolaidh nan Leòntan Eucorach (CICA)

Taigh Tàtha

300 Sràid Bath

Glaschu G2 4JR

Saor-fòn: [0800 358 3601](tel:08003583601)

Bu chòir a' chiad cho-dhùnadh bho CICA a bhith agaibh air taobh a-staigh bliadhna, ach faodaidh ath-sgrùdaidhean agus èisteachdan toirt

nas fhaide. Thèid an dìoladh agaibh a phàigheadh cho luath's a dh'innseas sibh do CICA gu bheil sibh riarachta leis a cho-dhùnadh.

### **Duaisean Èiginneach**

Faodaidh CICA duais a phàigheadh san eadar-ama mar nach deach co-dhùnadh deireannach a ghabhail air an t-suim a tha ri thoirt seachad. Dh'fhaodadh seo tachairt, mar eisimpleir, far a bheil ceist mu shuidheachadh meidigeach neach-fulaing.

### **Dìoladh tro na cùirtean**

Ma thèid a chùis agaibh dhan chùirt agus gum faighear neach ciontach airson eucoir nar n'aghaidh, faodaidh a' chùirt iarraidh air no orra airgead dìolaidh a phàigheadh dhuibh mu choinneamh call no leòntan sam bith a dh'fhuiling sibh ri linn an eucoir.

Nì am britheamh no siorraidh co-dhùnadh air an t-suim a tha ri phàigheadh, a' gabhail ealla do shuidheachadh ionmhasail an neach a tha fo chasaid. Tha an neach a tha fo chasaid a pàigheadh an airgid dhan chùirt, a tha an uairsin ga chur air adhart thugaibhse.